

Cuspair Clàir-ghnothaich	5
Àir. Aithisge	G/18/21

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

<b>Comataidh:</b>	<b>Comataidh na Gàidhlig</b>
<b>Ceann-latha:</b>	<b>16 Dùbhlachd 2021</b>
<b>Tìotal Aithisge:</b>	<b>Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021</b>
<b>Aithisg le:</b>	<b>Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas</b>

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge eadar-amail seo cunntas farsaing a thoirt seachad mun Mhòd Nàiseanta Rìoghail (MNR) a chaidh a chumail eadar an 8–16 Dàmhair.

Bidh fios aig Buill gun deach am MNR a chumail ann an Inbhir Nis agus gun deach a libhrigeadh leis a' Chomunn Ghàidhealach (ACG) tro dhòigh-obrach mheasgaichte, a bha a' gabhail a-steach prògram ioma-chuimseach de thachartasan is fharpaisean a bha a' dol air adhart an dà chuid aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne.

### 2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. toirt fa-near do làn-phrògram a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail airson 2021; agus
- ii. aontachadh gun tèid aithisg mhionaideach a thoirt chun na h-ath choinneimh de Chomataidh na Gàidhlig agus gum bi seo a' gabhail a-steach cunntas ionmhasail agus toraidhean is builean nan Aithisgean Co-chomhairleachaidh is Measaidh a thaobh nam Meadhanan.

### 3. Buaidhean

- 3.1 Goireas – Bidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' faighinn taic ionmhasail bho Bhuidseat Thabhartasan Gàidhlig fo Ùghdarras Chomhairle na Gàidhealtachd.

Air sàillibh Covid-19, chaidh goireasan a bharrachd aontachadh tro Chomataidh nan Goireasan airson 's gum b' urrainnear am Mòd a stèidheachadh ann an sgìre Inbhir Nis airson an dàrna bliadhna às dèidh a chèile. Bha seo fo ùmhachd gun deigheadh an tachartas a chumail 'aghaidh ri aghaidh' agus nach b' ann a-mhàin air-loidhne.

- 3.2 Laghail – Tha Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a’ toirt aire do, agus a’ cumail ri, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Bha com-pàirtichean is farpaisich bho air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean an làthair aig a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – ‘S e tachartas measgaichte a bha sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus bha na tachartasan is na gnìomhan an dà chuid ‘aghaidh ri aghaidh’ agus air-loidhne. Bha na tachartasan air-loidhne a’ lùghdachadh eimiseanan carboin agus bha an taic a bha a’ Chomhairle a’ toirt seachad tro choinneamhan Microsoft Teams air-loidhne cuideachd a’ cur taic ri clàr-gnothaich atharrachadh na gnàth-shìde.
- 3.5 Cunnart – Bha buaidh aig galar Covid-19 agus cuingealachaidhean is stiùiridhean Riaghaltas na h-Alba a thaobh sin air a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail.
- 3.6 Gàidhlig – ‘S e tachartas stèidhichte a tha sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail a bhios a’ gabhail àite gach bliadhna agus a tha a’ toirt seachad àrd-ùrlar mòr airson leasachadh na Gàidhlig is leasachadh cultarail gu h-ionadail, nàiseanta, is eadar-nàiseanta. Tha am MNR na phrìomh thaisbeanair coileanaidh agus na phuing gnìomha ann am Plana Gàidhlig na Comhairle.

#### **4. Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis 2021**

- 4.1 Mar a bhios fios aig Buill, ri linn aithris Riaghaltas na h-Alba tràth san Lùnastal gun robhar a’ togail riaghailtean astarachadh sòisealta, agus ri linn mì-chinnt leantainneach aig an àm mu bhuaidh Covid-19, chuir An Comunn Gàidhealach air dòigh tachartas measgaichte a thaobh a’ Mhòid Nàiseanta Rìoghail. Chaidh seo a choileanadh tro bhith a’ togail air soirbheasan Mòd Air-loidhne 2020 agus na chaidh ionnsachadh bhuaithe.

Gheibhear prògram a’ Mhòid an seo:



Inverness Mod A5  
Booklet 2021 Full Proc

[https://www.ancomunn.co.uk/images/uploads/Clar-eagair\\_air-loidhne\\_luchar\\_2021.pdf](https://www.ancomunn.co.uk/images/uploads/Clar-eagair_air-loidhne_luchar_2021.pdf)

- 4.2 Chùm ACG prìomh fharpaisean, a’ gabhail a-steach Bonn Òir a’ Chomuinn Ghàidhealaich, Bonn Òir an t-Seann Nòis agus an t-Aigeallan Airgid aghaidh ri aghaidh ann an Taigh-cluiche Eden Court. Chaidh sreath chonsairtean beò a chraoladh às Eden Court cuideachd, agus bha mòran an làthair aca.
- 4.3 Chuir ACG air dòigh dà chonsairt seinn-còisir thairis air dà latha. Ghabh 18 còisir com-pàirt le mu 20 ball anns gach còisir. Bha an consairt ‘Ar Cànan ’s Ar Ceòl’ air Disathairne Fosgladh a’ Mhòid sònraichte math agus a’ comharrachadh dualchas ciùil beothail is làidir na Gàidhealtachd, le sàr luchd-ciùil air aoigheachd agus cuid de luchd-ciùil òga thàlantach na Gàidhealtachd a’ gabhail pàirt.

- 4.4 Bha mòran an làthair aig co-chruinneachadh nan còisir ann am Pàirc Cruinneachadh a' Chinn a Tuath. Chuir a' Chomhairle agus High Life na Gàidhealtachd taic ris an tachartas seo.
- 4.5 Bha ochd tachartasan rim faotainn air-loidhne tro bheò-shruthadh. Chaidh fàilte mhòr a chur orra agus bha luchd-amhairc ann an Iapan, Astràilia, san Roinn Eòrpa agus sna Stàitean Aonaichte. Chaidh seachd prògraman tionalachaidh air-loidhne a chraoladh tron t-seachdain cuideachd, leis na com-pàirtichean air-loidhne a b' fheàrr a bha air clàraidhean a chur a-steach ro làimh.
- 4.6 Tha an t-**Eàrr-ràdh** co-cheangailte a' clàradh luchd-buannachaidh is com-pàirtichean uile bho air feadh na Gàidhealtachd.
- 4.7 Bha fìor dheagh aithrisean mun MNR sna meadhanan, anns na pàipearan-naidheachd nàiseanta a leithid *The Herald*, ann am pàipearan roinneil, agus air telebhisean, rèidio, air-loidhne, is air na meadhanan sòisealta. Dh'obraich Sgioba Conaltradh Corporra agus Sgioba Gàidhlig na Comhairle agus Innes & Campbell Communications còmhla gus an tachartas a chur air adhart.
- 4.8 Tharraing dòigh-obrach mheasgaichte na bliadhna sa luchd-amhairc farsaing, agus b' urrainn dhan Chomunn Ghàidhealach togail air a' choimhearsnachd air-loidhne a chaidh a chruthachadh ri linn Mòd Air-loidhne 2020. Bha àireamhan com-pàirteachais fìor àrd, gu h-àraid a thaobh àireamhan luchd-amhairc is com-pàirteachas thall-thairis.
- 4.9 Thug an dòigh-obrach mheasgaichte cuideachd cothrom seachad Baile Inbhir Nis agus sgìre na Gàidhealtachd san fharsaingeachd a thaisbeanadh air àrd-ùrlar ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta. Bha cothrom ann cuideachd Taigh-cluiche Eden Court a thaisbeanadh mar ionad. B' urrainnear seo a dhèanamh tron chòmhdach thraidiseanta sna meadhanan agus air diofar ùrlaran sna meadhanan sòisealta, a bha air an cleachdadh airson com-pàirteachas is ceangal a thogail. Neartaich seo an tachartas gu lèir, ach bha prìomhachas air a thoirt fhathast dhan MNR 'thraidiseanta' far a bheil luchd-amhairc is com-pàirtichean a' tighinn còmhla na phàirt chudromach a thaobh a bhith a' toirt nam buannachdan cànan, cultarail, sòisealta, coimhearsnachd, is sunnd gu buil – agus iad uile cho riatanach a thaobh buannachdan eaconamach farsaing an tachartais gu lèir.

## 5. Iomall a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

- 5.1 Chaidh prògram Iomall a' Mhòid air adhart cuideachd. Ach, air sàillibh nan cuingealachaidhean, cha robh e cho farsaing ri Prògram Iomail àbhaisteach. Chaidh mòran ceangail a dhèanamh le ionadan is leis a' phoball gus am b' urrainnear prògram cho math 's a ghabhadh a chur air adhart, an dà chuid aghaidh ri aghaidh is air-loidhne.
- 5.2 Chuir Sgioba na Gàidhlig, ann an co-bhann ri CnaG, air dòigh prògram chleasan do dhaoine òga agus chruthaich Sgioba na Gàidhlig, ann an co-bhann ri Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra, bhidio air-loidhne a bha a' cur air adhart na Gàidhealtachd mar dheagh àite airson a bhith a' fuireach is ag obair ann, agus airson chur-seachadan sòisealta, an lùib cosnadh a' buntainn ri Gàidhlig is cultar. Bha Prìomh Thidsear bho BSGI na neach-aithris air a' bhidio. Chaidh am bhidio suas air ùrlaran meadhanan sòisealta na Comhairle tro sheachdain a' Mhòid agus chaidh gabhail ris gu math.

## **6. Buidheann Ceangail a' Mhòid**

- 6.1 Ron MNR, chuir Sgioba na Gàidhlig air dòigh Buidheann-ceangail MNR airson comhairle is taic a thoirt dhan Chomunn Ghàidhealach leis an tachartas. Bha Manaidsear Sgìreil Baile Inbhir Nis sa chathair agus bha riochdairean ann bho ghrunn sgiobaidhean is sheirbheisean na Comhairle – Foghlam, Rathaidean, Slàinte Àrainneachdail, Ceadachd, Conaltradh, BID Inbhir Nis, VisitScotland, Eden Court, High Life na Gàidhealtachd agus Comataidh Eagrachaidh Ionadail MNR (a tha na bhuidheann shaor-thoileach).

## **7. Luachadh**

- 7.1 Tha ACG air seirbheisean Glamis Consultancy fhadastadh agus tha iad air suirbhidh air-loidhne a chur ri chèile is air a sgaoileadh. Tha a' bhuidheann Cho-chomhairleachaidh an-dràsta ag ullachadh Sgrùdadh Buaidh Eaconamach a bhios a' gabhail a-steach sgrùdadh measaidh air tachartasan. Bidh an aithisg iomlan ri faotainn aig deireadh an Fhaoilich 2022. Tha Innes & Campbell Communications ag ullachadh aithisg mheadhanan a bhios cuideachd ri faotainn aig deireadh an Fhaoilich. Thèid prìomh cho-dhùnidhean an dà sgrùdadh aithris do Chomataidh na Gàidhlig aig coinneamh a' Ghearrain 2022.
- 7.2 Chaidh innse ann an aithisg Chomataidh na Gàidhlig dhen 16 Sultain gum biodh coinneamh a bharrachd ann às dèidh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail airson sgrùdadh a dhèanamh air riaghlachas maoin na Comhairle a thaobh a bhith a' libhrigeadh an tachartais. Tha oifigearan na Comhairle an dùil coinneachadh ris ACG san Dùbhlachd agus thèid cunntas a thoirt do Chomataidh na Gàidhlig sa Ghearran 2022.

Ainmeachadh: Kate Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 1 Dùbhlachd 2021

Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

## Appendix 1

### Royal National Mod 2021 Competition Results & Online Performances

Competition winners and online performances receiving commendations from schools/groups/individuals from Highland Council area, collated from The Royal National Mòd Inverness 2021 results page: <https://enter.ancomunn.co.uk/competitions/winners/lang:eng>

Results listed to the best of our knowledge – Apologies for any omissions.

### Òigridh / Junior

#### Live Competitions

**Seinn Fileanta - Balaich aois 13-15 - Bonn Airgid a' Chomuinn Ghàidhealaich / Solo Singing Fluent - Boys ages 13-15 - An Comunn Gàidhealach Silver Kilt Pin**

1st Anndra Cuimeanach, Àrd-Sgoil Gheàrrloch

**Seinn Luchd-ionnsachaidh - Nigheanan aois 13-15 - Bonn Chuimhneachan Sheumais C Mhic a' Phi / Solo Singing Learner - Girls ages 13-15 - James C McPhee Memorial Medal**

3rd Rosie MacLennan, Àrd-Sgoil Lochabair

#### Air Loidhne / Online

1 - 'Sònraichte'; 2 - 'Air leth math'; 3 - 'Ri moladh'

1 - 'Exceptional'; 2 - 'Highly Commended'; 3 - 'Commended'

**Seinn Fileanta - Nigheanan Aois 5-6 / Solo Singing Fluent - Girls ages 5-6**

1 - Muireann, Bun-Sgoil Ghàidhlig Mhalaig; 2 - Alyth, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Seinn Fileanta - Balaich Aois 5-6 / Solo Singing Fluent - Boys ages 5-6**

1 - Ruairidh, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Seinn Fileanta - Nigheanan Aois 7-8 / Solo Singing Fluent - Girls ages 7-8**

2- Carys, Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar; 3 - Isobel, Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Seinn Fileanta - Nigheanan Aois 9-10 / Solo Singing Fluent - Girls ages 9-10**

3 - Halle, Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Seinn Fileanta - Balaich Aois 9-10 / Solo Singing Fluent - Boys ages 9-10**

1 - Fionnlagh, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis; 2 - Iain, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis; 3 - Alasdair, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Seinn Fileanta - Balaich Aois 11-12 / Solo Singing Fluent - Boys ages 11-12**

3 – David Àrd-Sgoil Loch Abar

**Seinn Fileanta - Nigheanan Aois 16-18 / Solo Singing Fluent - Girls ages 16-18**

1 - Laura, An Gearasdan

**Seinn Luchd-ionnsachaidh - Nigheanan Aois 5-6 / Solo Singing Learner - Girls ages 5-6**

3 - Erin Cait, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Seinn Luchd-ionnsachaidh - Nigheanan Aois 7-8 / Solo Singing Learner - Girls ages 7-8**

3 - Kate, Bun-Sgoil Smithton

**Seinn Luchd-ionnsachaidh - Balaich Aois 7-8 / Solo Singing Learner - Boys ages 7-8**

1 - Ceilean, Bun-Sgoil Chnoc na Creige

**Seinn Luchd-ionnsachaidh - Balaich Aois 9-10 / Solo Singing Learner - Boys ages 9-10**

2 - Oren, Còisir Òg Loch Àlainn

**Seinn Luchd-ionnsachaidh Fosgailte - Aois 16-18 / Solo Singing Learner Open - ages 16-18**

2 - Floriana, Còisir Òg Loch Àlainn; 3 - Archie, Còisir Òg Loch Àlainn

**Fosgailte - Nigheanan Aois 13-15 / Solo Singing Open - Girls ages 13-15**

3 - Emma, Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis

**Fosgailte - Nigheanan Aois 16-18 / Solo Singing Open - Girls ages 16-18**

2 - Laura, An Gearasdan

**Fosgailte - Balaich Aois 16-18 / Solo Singing Open - Boys ages 16-18**

2 - Archie, Còisir Òg Loch Àlainn

**Dràma - fo aois 13 Fosgailte / Drama - Under 13 Open**

1 - Clas 5 - 7 Bun-Sgoil Chille Mhoire

**Còmhlain - fo aois 13 / Folk Group - Under 13**

1 - Còmhlain Ciùil Chnoc na Creige

**Innse Sgeulachdan Fosgailte - aois 9-10 / Storytelling Open - ages 9-10**

1 - Jonathan, Sgoil Stafainn; 2 - Isla, Bun-Sgoil Bruach a' Mhuilinn

**Innse Sgeulachdan Fosgailte - aois 11-12 / Storytelling Open - ages 11-12**

2 - Hannah, Bun-Sgoil Chnoc na Creige

**Aithris Bardachd Fileanta - aois 7-8 / Poetry Recitation Fluent - ages 7-8**

3 - Carys, Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar

**Aithris Bardachd Fileanta - aois 9-10 / Poetry Recitation Fluent - ages 9-10**

3 - Ross, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Aithris Bardachd Fileanta - aois 11-12 / Poetry Recitation Fluent - ages 11-12**

1 - Niamh, Bun-Sgoil Chnoc na Creige; 2 - Hannah, Bun-Sgoil Chnoc na Creige

**Aithris Bardachd Luchd-ionnsachaidh - aois 5-6 / Poetry Recitation Learner - ages 5-6**

1 - Iona, Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar

**Aithris Bardachd Luchd-ionnsachaidh - aois 7-8 / Poetry Recitation Learner - ages 7-8**

2 - Zara, Còisir Òg Loch Alainn

**Aithris Bardachd Luchd-ionnsachaidh - aois 9-10 / Poetry Recitation Learner - ages 9-10**

2 - Oren, Còisir Òg Loch Àlainn

**Piàna - fo aois 13 / Piano - under 13**

1 - Eilidh Mairead, Bun-Sgoil Ath-Tharracail

**Fidheall - fo aois 13 / Fiddle - under 13**

3 - David, Àrd-Sgoil Loch Abar

**Fidheall - fo aois 19 / Fiddle - under 19**

1 - Raonaid, Àrd-Sgoil a' Phluic

**Bogsa - fo aois 19 - Co-aimsireil / Accordion - under 19 - Contemporary**

3 - Anndra, Àrd-Sgoil Gheàrrloch

**Feadan Fosgailte / Chanter Open**

1 - Ronnie, Inbhir Nis; 3 - Iain, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Pìob-mhòr Fosgailte / Bagpipes Open**

2 - Seonaidh, Bun-Sgoil Shlèite

**Pìob-mhòr - Caismeachd, Srath-spè agus Ruidhle - fo aois 19 / Bagpipes - March, Strathspey and Reel - Under 19**

2 - Declan, An t-Eilean Sgitheanach; 3 - Laura, An Gearasdan

**Pìob-mhòr - Puirt co-aimsireil - fo aois 13 / Bagpipes - Contemporary Tunes - Under 13**

1 - Charlie, Inbhir Nis

**Pìob-mhòr - Puirt co-aimsireil - fo aois 19 / Bagpipes - Contemporary Tunes - Under 19**

1 - Laura, An Gearasdan; 2 - Declan, An t-Eilean Sgitheanaich

**Pìob-mhòr - Ùrlar Pìobaireachd – Fosgailte / Bagpipes - Pìobaireachd Ground - Open**

2 - Seonaidh, Bun-Sgoil Shlèite

**Pìob-mhòr - Pìobaireachd - fo aois 19 / Bagpipes - Pìobaireachd - Under 19**

1 - Laura, An Gearasdan

**Clàrsach - A' chiad ìre / Clàrsach - Elementary**

2 - Ava, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis; 3 - Lachlan, Acadamaidh Inbhir Pheofharain

**Clàrsach - Càraid / Clàrsach - Duet**

3 - Ava & Hunter, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Clàrsach - Seinn òran leis a' chlàrsaich / Clàrsach - Self-accompanied song**

1 - Isabella, Inbhir Nis

**Ealain - fo aois 13 / Art - Under 13**

3 - Miss Niamh Robertson, Bun-Sgoil Chnoc na Creige

**Litreachas - fo aois 13 / Literature - Under 13**

2 - Hannah, Bun-Sgoil Chnoc na Creige; 3 - Isla, Bun-Sgoil Bruach a' Mhuilinn

**Dannsa - aois 7-10 / Dancing - ages 7-10**

1 - Niamh, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis; 3 - Grace, Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

**Inbhich / Adult**

**Live Competitions**

**Inbhich - Seinn Luchd-ionnsachaidh - Mnathan / Adult - Solo Singing Learners - Ladies (Silver Pendant Qualifier A250)**

2nd Shona MacQueen, Drumnadrochit

**Inbhich - Seinn Luchd-ionnsachaidh - Fir / Adult - Solo Singing Learners - Men (Silver Pendant Qualifier A251)**

1st Peter MacPherson, Inbhir Nis

**Inbhich - Seinn Luchd-ionnsachaidh - Mnathan / Adult - Solo Singing Learners - Ladies (Silver Pendant Qualifier A252)**

2nd Shona MacQueen, Drumnadrochit

**Inbhich - Seinn Luchd-ionnsachaidh - Fir / Adult - Solo Singing Learners - Men (Silver Pendant Qualifier A253)**

1st Peter MacPherson, Inbhir Nis

**Farpais Crìochnachaidh An Aigeallan Airgid - Mnathan / Silver Pendant Final - Ladies**

1st Shona MacQueen, Drumnadrochit

**Farpais Crìochnachaidh An Aigeallan Airgid - Fìr / Silver Pendant Final - Men**

1st Peter MacPherson, Inbhir Nis

**Inblich - Seinn - Mnathan / Adult - Solo Singing - Ladies (Gold Medal Qualifier A220)**

2nd Saffron Hanvidge, Inbhir Nis

**Inblich - Seinn - Fir / Adult - Solo Singing - Men (Gold Medal Qualifier A221)**

3rd Iain Gordon, Inbhir Narann

**Inblich - Seinn - Mnathan / Adult - Solo Singing - Ladies (Gold Medal Qualifier A222)**

2nd Saffron Hanvidge, Inbhir Nis

**Inblich - Seinn - Fir / Adult - Solo Singing - Men (Gold Medal Qualifier A223)**

2nd Iain Gordon, Inbhir Narann

**Farpais Crìochnachaidh nam Bonn Òir - Mnathan / Gold Medal Final - Ladies**

2nd Saffron Hanvidge, Inbhir Nis

**Farpais Crìochnachaidh nam Bonn Òir - Fir / Gold Medal Final - Men**

3rd Iain Gordon, Inbhir Narann

**Inblich - Seinn - Mnathan / Adult - Solo Singing - Ladies (Traditional Medal Qualifier)**

3rd Carolyn Groat, An Gearasdan

Saffron Hanvidge, Inbhir Nis

**Inblich - Seinn - Fir / Adult - Solo Singing - Men (Traditional Medal Qualifier)**

1st Eòin Cuimeanach, Ros an Iar

2nd Calum MacColla, An Gearasdan

3rd Torquil Maclean, Muir of Ord

4th Eòghan Stiùbhart, Inbhir Nis

**Farpais Crìochnachaidh Bonn Òir an t-Seann Nòis - Mnathan / Traditional Gold Medal Final - Ladies**

3rd Carolyn Groat, An Gearasdan

4th Saffron Hanvidge, Inbhir Nis

**Farpais Crìochnachaidh Bonn Òir an t-Seann Nòis - Fir / Traditional Gold Medal Final - Men**

1st Calum MacColla, An Gearasdan

2nd Eòin Cuimeanach, Ros an Iar

3rd Torquil Maclean, Muir of Ord

4th Eòghan Stiùbhart, Inbhir Nis

**Air Loidhne / Online**

1 - 'Sònraichte'; 2 - 'Air leth math'; 3 - 'Ri moladh'

1 - 'Exceptional'; 2 - 'Highly Commended'; 3 - 'Commended'

**Inblich - Seinn Aon-neach - Puirt-a-beul - Fosgailte / Adult - Solo Singing - Puirt-a-beul - Open**

2 - Saffron Hanvidge, Inbhir Nis

**Inblich - Coisir Fosgailte / Adult - Choral Open**

1 - Còisir Ghàidhlig Inbhir Nis

**Inbhich - Bogsa / Adult - Accordion**

1 - Ciorstaidh Chaimbeul, Caol Loch Aillse

**Inbhich - Bogsa - Bhalsaichean Gàidhlig / Adult - Accordion - Gaelic Waltzes**

1 - Ciorstaidh Chaimbeul, Caol Loch Aillse

**Inbhich - Litreachais - Bàrdachd / Adult - Literature - Poetry**

2 - Ceitidh Campbell, Inbhir Nis